



COUNCIL OF EUROPE CONSEIL DE L'EUROPE

**Cùmhnant Eòrpach
airson Cànanan Roinneil
no Mion-chànanan**

**European Charter
for Regional
or Minority Languages**

**Charte européenne
des langues régionales
ou minoritaires**

Strasbourg, 5.XI.1992

Sreath Chùmhnantan Eòrpach

Série des traités européens

/ 148

**SCOTTISH GAELIC VERSION
UNOFFICIAL TRANSLATION**

Ro-ràdh

Tha buill Stàite Chomhairle na h-Eòrpa a chur an ainm ris a' chùmhnannt seo,

Seach gur e amas Comhairle na h-Eòrpa barrachd aonta a choileanadh eadar na buill aca, gu sònraichte airson a bhith a' dìon agus a' buileachadh na sàr-bheachdan agus na prionnsabalan a tha gnàthach don dualchas aca;

Seach gu bheil dìon nan cànanan eachdraidheil roinneil no mion-chànanan na h-Eòrpa, cuid dhiubh a tha fo chunnart bàis ri ùine, a' cur ri cumail suas agus leasachaidh beartas chultarail agus dualchasan na h-Eòrpa;

Seach gur e còir do-dhealaichte a tha ann an còir cànan roinneil no mion-chànan a chleachdadh ann am beatha phrìobhaidich no phoblaich, a tha a' cumail ris na prionnsabalan stèidhichte taobh a-staigh Cùmhnannt Eadar-nàiseanta nan Dùthchannan Aonaichte air Còirichean Shìobhalta agus Phoileataigeach, agus a-rèir spiorad Cùmhnannt Comhairle na h-Eòrpa air Dìon Chòirichean Daonna agus Shaorsan Bunaiteach;

A' toirt spèis don obair a chaidh air adhart taobh a-staigh an CSCE agus gu sònraichte do dh' Achd Dheireannach Helsinki 1975 agus pàipear Coinneamh Copenhagen 1990;

A' cur cuideam air luach eadar-chultarachd agus ioma-chànanachd agus a' gabhail ris nach bu chòir dìon agus brosnachaidh chànanan roinneil no mhion-chànanan a bhith millteach air cànanan oifigeil agus air feum an ionnsachadh;

A' gabhail ris gum bi dìon agus brosnachaidh chànanan roinneil agus mhion-chànanan ann an diofar dhùthchannan agus roinnean na h-Eòrpa gu mòr a' cur ri bhith a' togail Roinn Eòrpa a bhios stèidhichte air prionnsabalan deamocrasaidh agus measgachaidh chultair taobh a-staigh frèam-obrach uachdaranachd nàiseanta agus ionracas tìreil;

A' gabhail suim de na suidheachaidhean sònraichte agus na dualchasan eadhraidheil a tha anns na diofar roinnean de na Stàitean Eòrpach,

Air aontachadh mar a leanas:

Pàirt I - Ullachaidhean coitcheann

Alt 1 - Mineachaidhean

Airson adhbharan a' Chùmhnannt seo:

- a Tha "cànanan roinneil no mion-chànanan" a' ciallachadh cànanan a tha:
 - i gu dualchasach gan cleachdadh taobh a-staigh sgìre ainmichte de Stàite le saoranaich na Stàite sin a tha mar bhuidheann nas lugha ann an àireamh na tha an còrr de mhòr-shluagh na Stàite; agus
 - ii eadar-dhealaichte bho chànan(an) oifigeil na Stàite sin;chan eil seo a' toirt a-staigh gach cuid dualchainntean de chànan(an) oifigeil na Stàite no cànanan imrichean;
- b Tha "sgìre anns a bheil a' chànan roinneil no a' mhion-chànan ga chleachdadh" a' ciallachadh an sgìre eòlas-tìreil anns a bheil a' chànan sin mar mhodh labhairt do dh' iomadach duine a' toirt dearbhadh do na diofar ghnìomhan dìon agus brosnachaidh a tha gan solarachadh sa Chùmhnannt seo;

- c Tha “cànanan no-sgìreil” a’ ciallachadh cànanan a tha saoranaich na Stàite a’ cleachdadh a tha eadar-dhealaichte bhon chànan no na cànanan a tha an còrr de shluagh na Stàite a’ cleachdadh, ach, ged a thathas gan cleachdadh gu dualchasach taobh a-staigh dùthaich na Stàite, nach urrainn an ainmeachadh mar chànan(an) co-cheangailte ri sgìre sònraichte den dùthaich.

Alt 2 – Geallaidhean

- 1 Tha gach Cùmhnantaiche a’ gealltainn na h-ullachaidhean a tha ann am Pàirt 11 a choileanadh a thaobh gach cànan roinneil no mion-chànan a thathas a’ bruidhinn taobh a-staigh na dùthcha aca agus a tha a-rèir a’ mhìneachaidh a tha ann an Artaigeal 1.
- 2 A thaobh gach cànan air ainmeachadh aig àm daingneachaidh, aontachaidh, no ceadachaidh, mar a tha Artaigeal 3 ag ràdh, tha gach Cùmhnantaiche a’ gealltainn aig an ìre as lugha trithead sa còig paragrafan no fo-pharagrafan air an taghadh a-mach às na h-ullachaidhean ann am Pàirt 111 den Chùmhnant, a choileanadh, a’ toirt a-staigh aig an ìre as lugha trì air an taghadh bho gach cuid Artaigealan 8 agus 12 agus aon bho gach cuid Artaigealan 9, 10, 11 agus 13.

Alt 3 – Rèiteachadh làimhseachail

- 1 Feumaidh gach Stàite Cùmhnantaichte a mhìneachadh anns an ionnstramaid daingneachaidh, aontachaidh, no ceadachaidh aca, dè na cànanan roinneil no mion-chànanan, no an cànan oifigeil a tha air a chleachdadh gu ìre nas lugha gu h-iomlan no air feadh pàirt den dùthaich aca, ris am buin na paragrafan a chaidh a thaghadh a-rèir Artaigeal 2, paragraf 2.
- 2 Faodaidh Cùmhnantaiche sam bith, aig àm sam bith san àm ri teachd, fios a chur chun Rùnaire Coitcheann gu bheil iad a’ gabhail ris na dleasan a tha ag èirigh bho ullachaidhean ann am paragraf sam bith eile den Chùmhnant nach do dh’ ainmich iad anns an ionnstramaid daingneachaidh, aontachaidh, no ceadachaidh, no gun coilean iad paragraf 1 den artaigeal gnàthaichte a thaobh chànanan roinneil no mhion-chànanan eile, no a thaobh chànanan oifigeil eile a tha air an cleachdadh gu ìre nas lugha gu h-iomlan no air feadh pàirt den dùthaich aca.
- 3 Thèid gabhail ris gum bi na geallaidhean air an deach iomradh a thoirt sa pharagraf mu dheireadh mar phàirt ceangailte den daingneachaidh, aontachaidh, no ceadachaidh agus bi an aon seorsa buaidh aca bhon cheann-latha anns an d’ fhuaras fios mun dèidh.

Alt 4 – Raointean dìon gnàthaichte

- 1 Cha bu chòir dad sam bith anns a’ Chùmhnant seo a bhith air a mhìneachadh mar a bhith a’ bacadh no a’ lughdachadh gin de na còirichean a tha air an dearbhadh le Cùmhnant Eòrpach nan Còirichean Daonna.
- 2 Cha bhith buaidh aig ullachaidhean a’ Chùmhnant seo air ullachaidhean sam bith a tha nas fhàbharaiche do dh’ inbhe chànanan roinneil no mhion-chànanan, no suidheachadh laghail dhaoine a bhuineas do mhion-choimhearsnachdan a dh’ fhaodas a bhith ann an Cùmhnantaiche no far a bheil ullachadh dhaibh taobh a-staigh chùmhnantan dà-thaobhach no ioma-thaobhach eadar-nàiseanta.

Alt 5 – Dleasan gnàthaichte

Cha bu chòir mìneachadh a thoirt do rud sam bith anns a’ Chùmhnant seo a bhiodh a’ toirt tuigse do chòir pàirt a ghabhail ann an gnìomh sam bith no gnìomh sam bith a choileanadh a tha an aghaidh adhbharan Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte no dleasan eile fo lagh eadar-nàiseanta, a’ toirt a-staigh prionnsabal uachdarachd agus ionracas tireil Stàitean.

Alt 6 – Fiosrachadh

Tha na Cùmhnantaichean a’ gealltainn gun dèan iad cinnteach gun tèid fiosrachadh a chur chun na h-ùghdarrasan, na buidhnean agus na daoine fhein a thaobh na còirichean agus na dleasan a chaidh a stèidheachadh fon Chùmhnant seo.

Pàirt II – Amasan agus prionnsabalan ri leantainn mar thoradh air Alt 2, paragraf 1

Alt 7 – Amasan agus prionnsabalan

- 1 A thaobh cànanan roinneil no mion-chànanan, taobh a-staigh na sgìrean far a bheil na cànanan sin gan cleachdadh agus a-rèir suidheachadh gach cànan fa-leth, stèidhichidh na Cùmhnantaichean am poileasaidhean, an reachdais agus an cleachdaidhean air na h-amasan agus na prionnsabalan a leanas:
 - a aithne a thoirt do na cànanan roinneil no na mion-chànanan mar chomharra de bheartas cultarail;
 - b spèis a thoirt do sgìre eòlas-tireil gach cànan roinneil no mion-chànan gus dèanamh cinnteach nach bi roinnean rianachd gnàthaichte no ùra nan cnapan-stara do bhrosnachaidh a' chànain roinneil no a' mhion-chànain sin;
 - c feum air gnìomhachd seasmhach gus cànanan roinneil no mion-chànanan a bhrosnachadh airson an dìon;
 - d a' cruthachadh chothroman agus/no a' misneachadh cleachdaidh nan cànanan roinneil no nam mion-chànanan, ann an labhairt agus sgrìobhadh, ann am beatha phoblaich agus phrìobhaidich;
 - e a' cumail suas agus a' leasachadh cheanglaichean, anns na raointean fon Chùmhnant seo, eadar bhuidhnean a tha a' cleachdadh chànanan roinneil no mhion-chànanan agus bhuidhnean eile san Stàite a tha a' cleachdadh cànan ann an dreachd co-ionann no coltach ris, a bharrachd air a bhith a' stèidheachadh cheanglaichean cultarail le buidhnean eile san Stàite a' cleachdadh diofar chànanan.
 - f a' solarachadh fhoirmean agus mheadhanan iomchaidh airson teagaisg agus sgrùdaidh chànanan roinneil no mhion-chànanan aig gach ìre iomchaidh;
 - g a' solarachadh ghoireasan gus cothrom ionnsachaidh a thoirt do dhaoine a tha a' fuireach san sgìre agus nach urrainn cànanan roinneil no mion-chànanan a bhruidhinn, an cànan sin ionnsachadh mas e sin an toil;
 - h a bhith a' brosnachadh sgrùdaidh agus rannsachaidh chànanan roinneil no mhion-chànanan aig oilthighean no an leithid de dh' institiudan;
 - i a' brosnachadh chothroman iomlaid iomchaidh thar-dhùthcha, anns na raointean fon Chùmhnant seo, airson chànanan roinneil no mhion-chànanan a thathas a' cleachdadh ann an cruth co-ionann no coltach ann an dà Stàite no barrachd.
- 2 Tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn cur às, mur do rinn iad sin mu thràth, do dh' eadar-dhealachaidh, as-ghabhail, casg no roghainn no-fhìreannach sam bith co-cheangailte ri bhith a' cleachdadh cànan roinneil no mion-chànan agus a tha an dùil a bhith a' di-mhisneachadh no a' cur an cunnart cumail suas no leasachaidh a' chànain. Chan eil dùil gum bi gabhail ri ceumannan sònraichte airson taic a thoirt do chànanan roinneil no mhion-chànanan ag amas air a bhith a' brosnachadh co-ionannachd eadar luchd-cleachdaidh nan cànanan sin agus an còrr den t-sluaigh, no a bheir suim iomchaidh do na suidheachaidhean sònraichte aca, air fhaicinn mar ghnìomh lethbhreith an aghaidh luchd-cleachdaidh chànanan a thathas a' cleachdadh nas fharsainghe.
- 3 Tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn, tro cheumannan iomchaidh, a bhith a' brosnachadh co-thuigsinn eadar nam buidhnean cànan air fad san dùthaich agus gu sònraichte a bhith a' toirt a-staigh spèis, tuigse agus fulangais a thaobh chànanan roinneil agus mhion-chànanan am measg amasan foghlaim agus trèanaidh a thathas a' solarachadh taobh a-staigh nan dùthchannan aca agus a bhith a' misneachadh nam mòr-mheadhanan gu bhith a' gabhail ris an aon amas.
- 4 Ann a bhith ag aontachadh a' phoileasaidh aca a thaobh chànanan roinneil agus mhion-chànanan, gabhaidh na Cùmhnantaichean suim de na feumalachdan agus na rùintean a chaidh a libhrigeadh

leis na buidhnean a tha a' cleachdadh nan cànanan sin. Tha misneachd ga thoirt dhaibh buidhnean a stèidheachadh, ma tha sin riatanach, airson a bhith a' toirt comhairle do na h-ùghdarrasan air gach cuspair co-cheangailte ri cànanan roinneil no mion-chànanan.

- 5 Tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn, *mutatis mutandis*, na prionnsabalan air an liostadh ann am paragrafan 1 gu 4 gu h-àrd a choileanadh a thaobh chànanan no-dhùthchail. Ge-tà, a thaobh nan cànanan sin, thèid co-dhùnadh a dhèanamh mu sheòrsa agus farsaingeachd nan ceumannan a chuirear an gnìomh airson a' Chùmhnant seo a choileanadh, ann an dòigh shùbailte, a' gabhail a-staigh feumalachdan agus rùintean, agus le deagh spèis do dhualchas agus chomharraidhean, nam buidhnean a chleachdas nan cànanan sin.

Pàirt III – Ceumannan airson a bhith a' brosnachadh cleachdaidh chànanan roinneil no mhion-chànanan ann am beatha phoblaich a-rèir na geallaidhean a chaidh a thoirt seachad fo Alt 2, paragraf 2

Alt 8 – Foghlam

- 1 A thaobh foghlam, tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn, taobh a-staigh na dùthcha far a bheil na cànanan sin gan cleachdadh, a-rèir suidheachadh fa-leth gach cànan, agus gun chlaon-bhreith do theagasg chànan(an) oifigeil na Stàite:
 - a
 - i cothrom a thoirt seachad foghlam ro-sgoile fhaighinn anns na cànanan roinneil no mion-chànanan iomchaidh; no
 - ii cothrom a thoirt seachad cuid mhath de dh' fhoghlaim ro-sgoile fhaighinn 's na cànanan roinneil no mion-chànanan iomchaidh; no
 - iii aon de na ceumannan air an solarachadh fo i agus ii gu h-àrd a chur an gnìomh co-dhiu a thaobh nan sgoilearan sin far a bheil iarrtas bhon teaghlaichean agus far a bheileas den bheachd gu bheil àireamh gu leòr dhiubh ann; no
 - iv mur eil ùghdarras gu dìreach aig na h-ùghdarrasan poblach ann an raon foghlaim ro-sgoile, a bhith a' fàbharrachadh agus/no a' misneachadh coileanaidh nan ceumannan air an deach iomradh a thoirt fo i gu iii gu h-àrd;
 - b
 - i cothrom a thoirt seachad foghlam bun-sgoile fhaighinn anns na cànanan roinneil no mion-chànanan iomchaidh; no
 - ii cothrom a thoirt seachad cuid mhath de dh' fhoghlaim bun-sgoile fhaighinn 's na cànanan roinneil no mion-chànanan iomchaidh; no
 - iii solarachadh a bhith ann, taobh a-staigh foghlam bun-sgoile, airson teagasg nan cànanan roinneil no nam mion-chànanan iomchaidh mar phàirt choilionta den chlàr-oideachaidh; no
 - iv aon de na ceumannan air an solarachadh fo i gu iii gu h-àrd a chur an gnìomh co-dhiu a thaobh nan sgoilearan sin far a bheil iarrtas bhon teaghlaichean agus far a bheileas den bheachd gu bheil àireamh gu leòr dhiubh ann;
 - c
 - i cothrom a thoirt seachad foghlam àrd-sgoile fhaighinn anns na cànanan roinneil no mion-chànanan iomchaidh; no
 - ii cothrom a thoirt seachad cuid mhath de dh' fhoghlaim àrd-sgoile fhaighinn 's na cànanan roinneil no mion-chànanan iomchaidh; no
 - iii solarachadh a bhith ann, taobh a-staigh foghlam àrd-sgoile, airson teagasg nan cànanan roinneil no mion-chànanan iomchaidh mar phàirt choilionta den chlàr-oideachaidh; no
 - iv aon de na ceumannan air an solarachadh fo i gu iii gu h-àrd a chur an gnìomh co-dhiu a thaobh nan sgoilearan sin a tha air a shon, no gu h-iomchaidh far a bheil na teaghlaichean aca air a shon, agus far a bheileas den bheachd gu bheil àireamh gu leòr dhiubh ann;

- d
 - i cothrom a thoirt seachad foghlam teignigeach agus obrach fhaighinn anns na cànanan roinneil no mion-chànanan iomchaidh; no
 - ii cothrom a thoirt seachad cuid mhath de dh' fhoghlaim teignigeach agus obrach fhaighinn 's na cànanan roinneil no mion-chànanan iomchaidh; no
 - iii solarachadh a bhith ann, taobh a-staigh foghlam teignigeach agus obrach, airson teagasg nan cànanan roinneil no nam mion-chànanan iomchaidh mar phàirt choilionta den chlàr-oidreachaidh; no
 - iv aon de na ceumannan air an solarachadh fo i gu iii gu h-àrd a chur an gnìomh co-dhiù a thaobh nan sgoilearan sin a tha air a shon, no gu h-ìomchaidh far a bheil na teaghlaichean aca air a shon, agus far a bheileas den bheachd gu bheil àireamh gu leòr dhiubh ann;
 - e
 - i cothrom a thoirt seachad foghlam oilthigh agus foghlam eile aig àrd-ìre fhaighinn anns na cànanan roinneil no nam mion-chànanan iomchaidh; no
 - ii solarachadh a bhith ann airson na cànanan sin a sgrùdadh mar chuspairean foghlaim oilthigh agus àrd-ìre; no
 - iii mur eil e comasach, air sgàth dleastanas na Stàite a thaobh institiudan foghlaim àrd-ìre, fo-pharagrafan i agus ii a chur an gnìomh, bu chòir misneachd a thoirt agus/no cead a thoirt do sholarachaidh foghlam oilthigh no dreachan eile de dh' fhoghlaim àrd-ìre ann an cànanan roinneil no mion-chànanan no do ghoireasan airson sgrùdadh nan cànanan sin mar chuspairean foghlaim oilthigh no àrd-ìre;
 - f
 - i rèiteachadh a dhèanamh airson solarachaidh chùrsaichean foghlaim inbheach agus leantainneach a tha gan teagasg a-mhàin no gu ìre mhòr anns na cànanan roinneil no nam mion-chànanan; no
 - ii na cànanan sin a thabhann mar chuspairean foghlaim inbheach agus leantainneach; no
 - iii mur eil ùghdarras gu dìreach aig na h-ùghdarrasan poblach ann an raon foghlaim inbheach, a bhith a' fàbharrachadh agus/no a' misneachadh nan cànanan sin a thabhann mar chuspairean foghlaim inbheach agus leantainneach;
 - g rèiteachadh a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gum bi teagasg a' toirt a-staigh eachdraidh agus cultar a' chànain roinneil no a' mhion-chànain;
 - h solarachadh a bhith ann de thrèanaidh bunaiteach agus adhartach don luchd-teagaisg a dh' fheumas a' chuid de na paragrafan a gu g ris na ghabh an Cùmhnantaiche, a chur an gnìomh;
 - i buidheann no buidhnean stiùiridh a stèidheachadh gus a bhith a' cumail sùil air na ceumannan a chaidh a ghabhail agus an adhartas a rinnear ann a bhith a' cur air chois no a' leasachadh teagaisg nan cànanan roinneil no nam mion-chànanan agus airson a bhith a' deasachadh aithisgean bho àm gu àm de na co-dhùnaidhean aca, a thèid fhoillseachadh gu poblach.
- 2 A thaobh foghlam agus a thaobh sgìrean a bharrachd air na sgìrean sin far a bheil na cànanan roinneil no nam mion-chànanan gan cleachdadh gu dualchasach, tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn, ma tha àireamhan de luchd-cleachdaidh cànan roinneil no mion-chànan ga dhearbhadh, cead a thoirt, a bhith a' misneachadh no bhith a' solarachadh teagaisg anns no den chànan roinneil no mion-chànan aig a h-uile ìre foghlaim iomchaidh.

Alt 9 - Ùghdarrasan Ceartais

- 1 Tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn, a thaobh na sgìrean breitheach far a bheil an àireamh luchd-còmhnaidh a tha a' cleachdadh chànanan roinneil no mhion-chànanan na dhearbhadh air na ceumannan air ainmeachadh gu h-ìseal, a-rèir suidheachadh fa-leth gach cànan agus air chumha nach

eil a bhith a' cleachdadh nan goireasan a tha rim faighinn fon pharagraf seo ann am beachd a' bhrithreamh na chnap-stara air fìor riaghlaidh ceartais:

a ann an cùisean-lagha eucoir:

- i solarachadh a bhith ann airson gun cleachdadh na cùirtean, an dèidh iarrrtas bho aon de na tagraichean, na cànanan roinneil no na mion-chànanan anns na cùisean-lagha; agus/no
- ii dearbhadh a thoirt don neach-casaid còir a bhith aige/aice an cànan roinneil no am mion-chànan a chleachdadh; agus/no
- iii solarachadh a bhith ann nach beachdaichear air iarrrtasan agus fianais, sgrìobhte no beòil, mar gum biodh iad no-cheadaichte a-mhàin seach gu bheil iad air an deasachadh ann an cànan roinneil no mion-chànan; agus/no
- iv foillseachadh, le iarrrtas, pàipearan le ceangal ri cùisean-lagha anns a' chànan roinneil no sa mhion-chànan,

ma tha sin riatanach le bhith a cleachdadh luchd-mìneachaidh agus eadar-theangachaidhean gun chosgais a bharrachd sam bith a' laighe air na daoine fhèin;

b ann an cùisean-lagha shìobhalta:

- i solarachadh a bhith ann airson gun cleachdadh na cùirtean, an dèidh iarrrtas bho aon de na tagraichean, na cànanan roinneil no na mion-chànanan anns na cùisean-lagha; agus/no
- ii cead a thoirt seachad, far a feum tagraiche nochdadh gu pearsanta fa chomhair cùirt, gu faod e no i a' chànan/a cànan roinneil no a' mhion-chànan/ a mion-chànan a chleachdadh gun chosgais sam bith a bharrachd agus/no
- iii cead a thoirt seachad pàipearan agus fianais fhoillseachadh anns na cànanan roinneil no anns na mion-chànanan,

ma tha sin riatanach le bhith a cleachdadh luchd-mìneachaidh agus eadar-theangachaidhean.

c ann an cùisean-lagha fa chomhair cùirt a thaobh gnothaichean rianachd:

- i solarachadh a bhith ann airson gun cleachdadh na cùirtean, an dèidh iarrrtas bho aon de na tagraichean, na cànanan roinneil no na mion-chànanan anns na cùisean-lagha; agus/no
- ii cead a thoirt seachad, far a feum tagraiche nochdadh gu pearsanta fa chomhair cùirt, gu faod e no i a' chànan/a cànan roinneil no a' mhion-chànan/ a mion-chànan a chleachdadh gun chosgais sam bith a bharrachd agus/no
- iii cead a thoirt seachad pàipearan agus fianais fhoillseachadh anns na cànanan roinneil no na mion-chànanan,

ma tha sin riatanach le bhith a cleachdadh luchd-mìneachaidh agus eadar-theangachaidhean.

d ceumannan a ghabhail gus dèanamh cinnteach ma thèid fo-pharagrafan i agus iii de pharagrafan b agus c gu h-àrd a chur an gnìomh agus ma bhios feum riatanach air luchd-mìneachaidh agus eadar-theangachaidhean nach laigh cosgaisean a bharrachd air na daoine a tha an sàs ann.

2 Tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn:

- a gun a bhith a' dol às àicheadh iomchaidheachd phàipearan laghail a chaidh a dheasachadh às leth na Stàite a-mhàin seach gu bheil iad ann an dreachd cànan roinneil no mion-chànan; no
- b gun a bhith a' dol às àicheadh iomchaidheachd phàipearan laghail, eadar nan tagraichean, a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh na dùthcha a-mhàin seach gu bheil iad ann an dreachd

cànan roinneil no mion-chànan, agus solarachadh a bhith ann gu faodar an cur an gnìomh an aghaidh thagraichean eile nach eil nan luchd-cleachdaidh de na cànanan sin air chumha gun tèid briathran a' phàipeir a dhèanamh aithnichte dhaibh leis an duine (na daoine) a chuireas e an gnìomh; no

- c gun a bhith a' dol às àicheadh iomchaidheachd phàipearan laghail, eadar nan tagraichean, a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh na dùthcha a-mhàin seach gu bheil iad ann an dreachd cànan roinneil no mion-chànan.
- 3 Tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn gum bi na prìomh bhriathran reachdail nàiseanta agus an fheadhainn a tha gu sònraichte a' buntainn ri luchd-cleachdaidh nan cànanan sin, rim faighinn anns na cànanan roinneil no na mion-chànanan, mur eil iad air an solarachadh mu thràth.

Alt 10 - Ùghdarrasan rianachd agus seirbheisean poblach

- 1 Taobh a-staigh sgìrean rianachd na Stàite far a bheil an àireamh luchd-còmhnaidh a tha a' cleachdadh chànanan roinneil no mion-chànanan na dhearbhadh air na ceumannan air ainmeachadh gu h-iseal, agus a-rèir suidheachadh fa-leth gach cànan, tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn, cho fad's a tha seo gu reusanta comasach:
- a
 - i dèanamh cinnteach gun cleachd na h-ùghdarrasan rianachd na cànanan roinneil no na mion-chànanan; no
 - ii dèanamh cinnteach gum bi a' chuid sin de na h-oifigearan aca a bhios fa chomhair an t-sluaigh a' cleachdadh nan cànanan roinneil no nam mion-chànanan nuair a bhios iad a' dèiligeadh ri daoine a chuireas tagraidhean thuca anns na cànanan sin; no
 - iii dèanamh cinnteach gu faod luchd-cleachdaidh nan cànanan roinneil no nam mion-chànanan tagraidhean bheòil no sgrìobhte a chur a-staigh agus gu faigh iad freagairt anns na cànanan sin; no
 - iv dèanamh cinnteach gu faod luchd-cleachdaidh nan cànanan roinneil no nam mion-chànanan tagraidhean bheòil no sgrìobhte a chur a-staigh anns na cànanan sin; no
 - v dèanamh cinnteach gu faod luchd-cleachdaidh nan cànanan roinneil no nam mion-chànanan pàipear a chur a-staigh gu h-iomchaidh anns na cànanan sin;
 - b gum bi briathran agus foirmean rianachd a thathas a' cleachdadh gu cunbhalach rim faighinn leis an t-sluaigh anns na cànanan roinneil no na mion-chànanan no ann an dreachan dà-chànanach;
 - c cead a thoirt do dh' ùghdarrasan rianachd dreachd de phàipearan a dheasachadh ann an cànan roinneil no ann am mion-chànan.
- 2 A thaobh sgìrean nan ùghdarrasan ionadail agus roinneil anns a bheil àireamh gu leòr de luchd-còmhnaidh a tha a' cleachdadh chànanan roinneil no mhion-chànanan airson nan ceumannan gu h-iseal a dhearbhadh, tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn a bhith a' ceadachadh agus/no a' misneachadh:
- a cleachdaidh nan cànanan roinneil no nam mion-chànanan taobh a-staigh frèam-obrach na h-ùghdarras roinneil no ionadail;
 - b comas a bhith ann do luchd-cleachdaidh chànanan roinneil no mhion-chànanan tagraidhean beòil no sgrìobhte a chur a-steach anns na cànanan sin;
 - c na h-ùghdarrasan roinneil a bhith cuideachd a' foillseachadh phàipearan oifigeil anns na cànanan roinneil no mion-chànanan iomchaidh;
 - d na h-ùghdarrasan ionadail a bhith cuideachd a' foillseachadh phàipearan oifigeil anns na cànanan roinneil no na mion-chànanan iomchaidh;

- e na h-ùghdarrasan roinneil a bhith a' cleachdadh chànanan roinneil no mhion-chànanan ann an deasbadan taobh a-staigh nan seanaidhean aca, gun a bhith a' cumail a-mach, ge tà, cleachdaidh cànan/ chànanan oifigeil na Stàite;
 - f na h-ùghdarrasan ionadail a bhith a' cleachdadh chànanan roinneil no mhion-chànanan ann an deasbadan taobh a-staigh nan seanaidhean aca, gun a bhith a' cumail a-mach, ge tà, cleachdaidh cànan/ chànanan oifigeil na Stàite;
 - g cleachdaidh no gabhail ri, ma tha sin riatanach ann an co-bhonn leis an t-ainm a tha sa chànan (na cànanan) oifigeil dreachan cheart agus dualchasach de dh' ainmean-àite ann an cànanan roinneil no mion-chànanan.
- 3 A thaobh sheirbheisean poblach air an solarachadh le ùghdarrasan rianachd no dhaoine eile às an leth, tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn, taobh a-staigh na sgìre far a bheil cànanan roinneil no mion-chànanan gan cleachdadh, a-rèir suidheachadh gach cànan agus cho fada 's gu bheil seo comasach gu reusanta:
- a dèanamh cinnteach gum bi na cànanan roinneil no nam mion-chànanan gan cleachdadh ann an solarachaidh na seirbheis; no
 - b cothrom a thoirt do luchd-cleachdaidh chànanan roinneil no mhion-chànanan iarrtas a chur a-staigh agus freagairt fhaighinn anns na cànanan sin; no
 - c cothrom a thoirt do luchd-cleachdaidh chànanan roinneil no mhion-chànanan iarrtas a chur a-staigh anns na cànanan sin.
- 4 Le rùn ullachaidhean pharagrafan 1, 2 agus 3 ris na dh' aontaich iad, a chur an gnìomh, tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn aon no barrachd de na ceumannan a leanas a ghabhail:
- a eadar-theangachadh no eadar-mhìneachaidh a thoirt seachad a-rèir riatanais;
 - b a bhith a' fastadh agus, far a bheil sin riatanach, a' trèanadh oifigearan agus luchd-obrach na seirbheis phoblaich eile air a bheil feum;
 - c cho fad 's a tha sin comasach, a bhith a' gabhail ri iarrtasan bho luchd-obrach na seirbheis phoblaich aig a bheil eòlas air cànan roinneil no mion-chànan, dreuchd fhaighinn anns an sgìre far a bheil a' chanan ga chleachdadh.
- 5 Tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn a bhith a' ceadachadh cleachdaidh no a' gabhail ri ainmean teaghlaich anns na cànanan roinneil no na mion-chànanan, far bheil iarrtas ann bhon fheadhainn sin.

Alt 11 – Nam Meadhanan

- 1 Tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn, airson luchd-cleachdaidh nan cànanan roinneil no nam mion-chànanan taobh a-staigh na sgìrean far a bheil na cànanan sin gam bruidhinn, a-rèir suidheachadh gach cànan, chun ìre gu bheil ùghdarras, cumhachd no dleastanas san raon seo aig na h-ùghdarrasan poblach, gu dìreach no gu no-dhìreach, agus a' toirt urram do phrionnsabal no-eisimeileachd agus fèin-riaghlaidh nam meadhanan:
- a chun ìre gu bheil rùn seirbheis phoblaich air rèidio agus telebhisean:
 - i dèanamh cinnteach gun tèid co-dhiù aon stèisean rèidio agus aon seanal telebhisean a stèidheachadh anns na cànanan roinneil no nam mion-chànanan; no
 - ii a bhith a' brosnachadh agus/no a' soirbheachadh cruthachaidh co-dhiù aon stèisean rèidio agus aon seanal telebhisean anns na cànanan roinneil no nam mion-chànanan; no

- iii solarachadh iomchaidh a dhèanamh gus am bi craoladairean a’ tabhann phrògraman anns na cànanan roinneil no na mion-chànanan;
- b
 - i a bhith a’ brosnachadh agus/no a’ soirbheachadh cruthachaidh co-dhiù aon stèisean rèidio anns na cànanan roinneil no na mion-chànanan; no
 - ii a bhith a’ brosnachadh agus/no a’ soirbheachadh craolaidh phrògraman rèidio anns na cànanan roinneil no na mion-chànanan gu cunbhalach;
 - c
 - i a bhith a’ brosnachadh agus/no a’ soirbheachadh cruthachaidh co-dhiù aon seanal telebhisean anns na cànanan roinneil no na mion-chànanan; no
 - ii a bhith a’ brosnachadh agus/no a’ soirbheachadh craolaidh phrògraman telebhisean anns na cànanan roinneil no na mion-chànanan gu cunbhalach;
 - d a bhith a’ brosnachadh agus/no a’ soirbheachadh obair-dèanaidh agus cuairteachaidh obraichean chlaistinneach agus lèir-chlaistinneach anns na cànanan roinneil no na mion-chànanan;
 - e
 - i a bhith a’ brosnachadh agus/no a’ soirbheachadh cruthachaidh agus/no cumail suas co-dhiù aon phàipear-naidheachd anns na cànanan roinneil no na mion-chànanan; no
 - ii a bhith a’ brosnachadh agus/no a’ soirbheachadh foillseachaidh sgrìobhaidhean pàipear-naidheachd anns na cànanan roinneil no na mion-chànanan gu cunbhalach;
 - f
 - i taic a thoirt fa chomhair chosgaisean a bharrachd a bhios aig na meadhanan a tha a’ cleachdadh chànanan roinneil no mhion-chànanan, far a bheil solarachaidh taic-laghail ann gu coitcheann airson nam meadhanan; no
 - ii ceumannan gnàthaichte airson taic ionmhais a chur an gnìomh cuideachd a thaobh obraichean-dealbhachaidh lèir-chlaistinneach anns na cànanan roinneil agus na mion-chànanan;
 - g taic a thoirt do thrèanaidh luchd-naidheachd agus luchd-obrach eile airson mheadhanan a tha a’ cleachdadh chànanan roinneil no mhion-chànanan.
- 2 Tha na Cùmhnantaichean a’ gealltainn saorsa craolaidhean rèidio agus telebhisean fhaighinn bho dhùthchannan sa nàbaidheachd ann an cànan a tha air a chleachdadh ann an cruth co-ionann no coltach ri cànan roinneil no mion-chànan, agus gun a bhith a’ cur an aghaidh ath-chraolaidh de chraoladh rèidio agus telebhisean bho dhùthchannan sa nàbaidheachd ann an leithid de chànan. A bharrachd air an sin tha iad a’ gealltainn dèanamh cinnteach nach tèid casg sam bith a chur air saorsa labhairt agus cuairteachaidh fiosrachaidh sgrìobhte an asgaidh ann an cànan a tha a an cruth co-ionann no coltach ri cànan roinneil no mion-chànan. Faodaidh coileanadh nan saorsan sin gu h-àrd, seach gu bheil uallachaidhean agus dleasan nan cois, a bhith a-rèir an leithid de dh’ fhoirmealachd, chùmhnantan, chasgan no pheanasan a tha air òrdachadh tron lagh agus a tha riatanach ann an coimhearsnachd dheamocratach, mar a bhios feum airson tearainteachd nàiseanta, ionracas dùthchail no sàbhailteachd a’ phobail, airson a bhith casg mì-rian no eucoir, airson a bhith a’ dìon slàinte no moraltachd, airson a bhith a’ dìon cliù no còirichean dhaoine eile, airson a bhith a’ casg sgaoilidh fiosrachaidh a fhuaradh gu dìomhair, no airson a bhith a’ cumail suas ùghdarras agus no-eisimeileachd nam brithemhan.
- 3 Tha na Cùmhnantaichean a’ gealltainn dèanamh cinnteach gum bi com-pàirtean luchd-cleachdaidh chànanan roinneil no mhion-chànanan air an riochdachadh no suim a ghabhail dhiubh taobh a-staigh bhuidhnean a dh’ fhaodar a stèidheachadh fon lagh le dleasan a bhith a’ cùmhnadh saorsa agus iomadaidheachd nam meadhanan.

Alt 12 – Gnìomhachd agus goireasan cultarail

- 1 A thaobh gnìomhachd agus goireasan cultarail – gu sònraichte leabharlannan, leabharlannan bhideo, ionadan cultarail, taighean-tasgaidh, tasglannan, acadamaidhean, taighean-cluiche agus taighean-deilbh, a bharrachd air litreachais agus deanaidh fiolmaichean, dòighean-labhairt gnàth-chainnt,

fèisean agus gnìomhachd chultarail, a' toirt a-staigh *inter alia* cleachdadh theignèolas ùr – tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn, taobh a-staigh na sgìre far a bheil na cànanan sin gan cleachdadh agus chun ìre gu bheil comas, cumhachd agus dleastanas aig na h-ùghdarrasan poblach:

- a a bhith a' brosnachadh dhòighean-labhairt agus iomairt a tha sònraichte a' buntainn ris na cànanan roinneil no na mion-chànanan agus a bhith ag altram diofar dhòighean air faighinn gu foillseachaidhean 's na cànanan sin;
 - b a bhith ag altram diofar dhòighean ann an cànanan eile air faighinn gu foillseachaidhean anns na cànanan roinneil no na mion-chànanan le bhith a' toirt taic agus a' leasachadh gnìomhachd eadar-theangachaidh, dùblachaidh, for-shioncronachaidh agus fo-thiotalanachaidh;
 - c a bhith ag altram faighinn tro chànanan roinneil no mhion-chànanan gu foillseachaidhean ann an cànanan eile le bhith a' toirt taic agus a' leasaèchadh gnìomhachd eadar-theangachaidh, dùblachaidh, for-shioncronachaidh agus fo-thiotalanachaidh;
 - d a' dèanamh cinnteach gun dèan na buidhnean air a bheil dleastanas rèiteachaidh agus a' toirt taic do dhiofar sheòrsan de ghnìomhachd cultarail ullachadh iomchaidh airson a bhith a' toirt a-staigh eòlais agus cleachdaidh chànanan roinneil no mhion-chànanan agus chultaran anns na geallaidhean a chuireas iad air adhart no ris an toir iad cùl-taic;
 - e a bhith a' brosnachadh cheumnanan gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach aig na buidhnean air a bheil dleastanas rèiteachaidh agus a' toirt taic do dhiofar sheòrsan de ghnìomhachd cultarail aig a bheil làn chomas anns a' chànan roinneil no anns a' mhion-chànain sin, a' bharrachd air a' chànan (na cànanan) a tha aig a' chòrr den t-sluaigh;
 - f a bhith a' brosnachadh com-pàirt dhirich a-measg riochdairean de luchd-cleachdaidh cànan roinneil no mion-chànan sònraichte le bhith a' solarachadh ghòireasan agus a' dealbhadh gnìomhachd chultarail;
 - g a bhith a' brosnachadh agus/no a' soirbheachadh cruthachaidh buidheann no buidhnean le dleastanas tional, cumail leth-bhreac agus a' taisbeanadh no a' foillseachadh obraichean a chaidh a dhèanamh anns na cànanan roinneil no na mion-chànanan;
 - h ma tha sin riatanach, a bhith a' cruthachadh agus/no a' brosnachadh agus a' maoinachadh sheirbheisean sgrùdaidh eadar-theangachaidh agus briathrachais, gu sònraichte le rùn a bhith a' cumail suas agus a' leasachadh briathrachais iomchaidh rianachd, malairteach, eaconamach, shòisealta, theignigeach or laghail anns gach cànan roinneil no gach mion-chànan.
- 2 A thaobh sgìrean eile far nach eil cànanan roinneil no mion-chànanan gan cleachdadh gu dualchasach, tha na Cùmhnantaich a' gealltainn, ma dhearbhas àireamh luchd-cleachdaidh cànan roinneil no mion-chànan gu bheil feum air, a bhith a' ceadachadh, a' brosnachadh agus/no a' solarachadh gnìomhachd cultarail agus goireasan iomchaidh a-rèir a' pharagraf mu dheireadh.
 - 3 Tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn solarachadh iomchaidh a dhèanamh, ann a bhith a' cur a' phoileasaidh cultarail aca air adhart thall thairis, airson chànanan roinneil agus mhion-chànanan agus na dualchasan a tha co-cheangailte riutha.

Alt 13 – Beatha eaconamach agus shòisealta

- 1 A thaobh gnìomhachd eaconamach agus shòisealta, tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn, taobh a-staigh na dùthcha air fad:
 - a toirt a-mach às an reachdas aca ullachadh sam bith a tha a' toirmeasg no a' lughdachadh às aonais adhbharan dearbhte cleachdaidh chànanan roinneil no mhion-chànanan ann am pàipearan co-cheangailte ri beatha eaconamach no shòisealta, gu sònraichte cùmhnantan obrach, agus ann am pàipearan teignigeach leithid stiùiridhean airson a bhith a' cleachdadh bathair no cur a-staigh innealan;

- b a bhith a' toirmeasg bhriathran a chur ann an riaghailtean taobh a-staigh chompanaidhean agus phàipearan dìomhair a chumas a-mach no a chuireas casg air cleachdaidh chànanan roinneil no mhion-chànanan, co-dhiù eadar luchd-cleachdaidh an aon chànan;
 - c cur an-aghaidh chleachdaidhean far a bheil rùn a bhith a' dì-mhisneachadh cleachdaidh chànanan roinneil no mhion-chànanan co-cheangailte ri gnìomhachd eaconamach no shòisealta;
 - d cothrom a thoirt agus/no a bhith a' brosnachadh cleachdaidh chànanan roinneil no mhion-chànanan tro mheadhanan eile nach deach a mhìneachadh anns na fo-pharagrafan gu h-àrd.
- 2 A thaobh gnìomhachd eaconamach agus shòisealta, tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn, chun ìre gu bheil na h-ùghdarrasan poblach comasach, taobh a-staigh na sgìre far a bheil na cànanan roinneil no na mion-chànanan gan cleachdadh, agus cho fada 's gu bheil seo comasach gu reusanta:
- a ullachaidhean a chur anns na riaghailtean ionmhasail agus bancaireachd aca a cheadaicheas, tro mheadhan dhòighean-obrach a tha co-chòrdail ri cleachdaidh malairteach, cleachdaidh chànanan roinneil no mhion-chànanan ann a bhith a' dealbhachadh òrdughan pàighidh (seicean, dreachdan, is eile) no phàipearan ionmhais eile, no, far a bheil sin iomchaidh, dèanamh cinnteach gun tèid an leithid de dh' ullachaidhean a choileanadh;
 - b anns na roinnean eaconamach agus shòisealta air a bheil smachd aca gu dìreach (roinn phoblaich), gnìomhachd eagrachadh gus a bhith a' brosnachadh cleachdaidh chànanan roinneil no mhion-chànanan;
 - c dèanamh cinnteach gun tabhann goireasan cùraim shòisealta leithid ospadalan, dachaighean cluaineas agus òsdailean cothrom do dhaoine a tha a' cleachdadh cànan roinneil no mion-chànan agus a tha a' feumachdainn cùram airson euslàint, seann aois no adhbharan sam bith eile, fàilteachadh agus làimhseachadh fhaighinn nan cànan fhèin;
 - d dèanamh cinnteach tro mheadhanan iomchaidh gun tèid òrdughan sàbhailteachd a dheasachadh cuideachd ann an cànanan roinneil no ann am mion-chànanan;
 - e rèiteachadh a thaobh solarachaidh fiosrachaidh bho ùghdarrasan poblach comasach gus am bi fiosrachadh mu chòirichean luchd-ceannachd ri fhaighinn ann an cànanan roinneil no mion-chànanan.

Alt 14 - Iomlaidean Thar-chrìochan

Tha na Cùmhnantaichean a' gealltainn:

- a a bhith a'coileanadh chùmhnanntan gnàthaichte dà-thaobhach agus ioma-thaobhach a tha gan ceangal ris na Stàitean anns a bheil

an aon chànan ga chleachdadh ann an cruth co-ionann no coltach, no ma tha sin riatanach a bhith a' feuchainn ri leithid de chùmhnanntan aontachadh, ann an leithid de dhòigh 's gum bithear ag altraim cheanglaichean eadar luchd-cleachdaidh an aon chànan anns na Stàitean sin ann an raointean cultair, foghlaim, fiosrachaidh, trèanaidh obrach agus foghlaim maireannach;
- b chum buannachd chànanan roinneil no mhion-chànanan, a bhith a' soirbheachadh agus/no a' brosnachadh co-obrachaidh thar chrìochan, gu sònraichte eadar ùghdarrasan roinneil no ionadail far a bheil an aon chànan ga chleachdadh san sgìre aca ann an cruth co-ionann no coltach.

Pàirt IV - Buileachadh a' Chùmhnannt

Alt 15 - Aithisgean ùineach

- 1 Bho àm gu àm bheir na Cùmhnantaichean aithisg seachad do Rùnaire Coitcheann Comhairle na h-Eòrpa, ann an dreach a dh' òrdaicheas Comataidh nam Ministearan, a thaobh a' phoileasaidh aca a tha iad a' leantainn a-rèir Pàirt II den Chùmhnannt seo agus a thaobh nan ceumannan a ghabh iad ann a

bhith a'coileanadh nan ullachaidhean ris na dh' aontaich iad ann am Pàirt III. Thèid a' chiad aithisg a thoirt seachad taobh a-staigh na bliadhna an dèidh don Chùmhnant a chur an gnìomh a thaobh a' Chùmhnantaiche fhèin, na h-aithisgean eile gach treas bliadhna an dèidh a' chiad aithisg.

- 2 Foillsichidh na Cùmhnantaichean na h-aithisgean aca gu poblach.

Alt 16 – Sgrùdadh nan aithisgean

- 1 Thèid na h-aithisgean a bheirear seachad do Rùnaire Coitcheann Comhairle na h-Eòrpa fo Alt 15 a sgrùdadh le comataidh eòlaichean a bhios stèidhichte a-rèir Alt 17.
- 2 Faodaidh buidhnean no comainn a bhios stèidhichte fo lagh Cùmhnantaiche aire chomataidh nan eòlaichean a tharraing gu gnothaichean co-cheangailte ris na geallaidhean a rinn an Cùmhnantaiche sin fo Phàirt III den Chùmhnant seo. An dèidh conaltraidh leis a' Chùmhnantaiche sin, faodaidh comataidh nan eòlaichean suim a ghabhail den fhiosrachaidh seo ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg a tha air ainmeachadh ann am paragraf 3 gu h-iseal. A bharrachd air an sin, faodaidh na buidhnean no na comainn sin aithrisean a chur a-staigh a thaobh a' phoileasaidh a tha an Cùmhnantaiche a' leantainn a-rèir Pàirt II.
- 3 Mar thoradh air nan aithisgean a tha air an ainmeachadh ann am paragraf 1 agus an fhiosrachadh air an tug paragraf 2 iomradh, deasaichidh comataidh na eòlaichean aithisg do Chomataidh nam Ministearan. An cois na h-aithisg seo bìdh na beachdan a chaidh iarraidh air na Cùmhnantaichean agus faodaidh Comataidh nam Ministearan iad sin fhoillseachadh gu poblach.
- 4 Taobh a-staigh na h-aithisg air ainmeachadh ann am paragraf 3 feumar nochdar gu sònraichte molaidhean chomataidh nan eòlaichean gu Comataidh nam Ministearan airson gun ullaichear molaidhean na buidhne mu dheireadh a thèid gu aon no barrachd de na Cùmhnantaichean a-rèir riatanais.
- 5 Cuiridh Rùnaire Coitcheann Comhairle na h-Eòrpa aithisg mhionaideach dà-bhliadhna gu Seanadh na Pàrlamaid a thaobh coileanadh a' Chùmhnant.

Alt 17 – Comataidh nan Eòlaichean

- 1 Air comataidh nan eòlaichean bìdh aon bhall bho gach Cùmhnantaiche, air an cur an dreuchd le Comataidh nam Ministearan bho liosta de dhaoine a tha onarach chun ìre as àirde agus a tha aithnichte airson an comas ann an gnothaichean ris a bheil a' Chùmhnant a' dèiligeadh, a bhios air an cur air adhart leis a' Chùmhnantaiche fhèin.
- 2 Thèid buill na comataidh a chur an dreuchd airson ùine sia bliadhna agus bìdh e fosgailte dhaibh ath-chur an dreuchd. Mur eil e comasach do bhall crìoch a chur air teirm san dreuchd faodar neach eile a chur nan àite a-rèir nan dòighean-obrach a tha air a libhrigeadh ann am paragraf 1, agus crìochnaichidh am ball sin teirm dhreuchd an ro-theachdaiche aige.
- 3 Gabhaidh comataidh nan eòlaichean ri riaghailtean dhòighean-obrach. Gheibh iad seirbheisean rianachd bho Rùnaire Coitcheann Comhairle na h-Eòrpa.

Pàirt V – Ullachaidhean deireannach

Alt 18

Faodaidh gin de bhuill Stàite Comhairle na h-Eòrpa an ainm a chur ris a' Chùmhnant seo. Feumar a dhaingneachadh, aontachadh no a cheadachadh. Feumar ionnstramaidean daingneachaidh, aontachaidh no ceadachaidh a chur gu Rùnaire Coitcheann Comhairle na h-Eòrpa.

Alt 19

- 1 Thig a' Chùmhnant seo gu buil air a' chiad latha den mhìos an dèidh deireadh ùine thrì mìosan a' leantainn air a' cheann-là sna dh' aontaich còig buill Stàite Chomhairle na h-Eòrpa gabhail ris a' Chùmhnant a-rèir ullachaidhean Alt 18.
- 2 A thaobh ball Stàite sam bith eile a dh' aontaicheas an dèidh làimh gabhail ris a' Chùmhnant, thig a' Chùmhnant gu buil air a' chiad latha den mhìos aig crìoch ùine thrì mìosan an dèidh an ionnstramaid daingneachaidh, aontachaidh no ceadachaidh a chur a-staigh.

Alt 20

- 1 An dèidh a' Chùmhnant seo a thighinn gu buil, faodaidh Comataidh nam Ministearan de Chomhairle na h-Eòrpa cuireadh a thoirt do Stàite sam bith nach eil na ball de Chomhairle na h-Eòrpa gabhail ris a' Chùmhnant seo.
- 2 A thaobh Stàite sam bith a tha a' gabhail ris, thig a' Chùmhnant gu buil air a' chiad latha den mhìos aig crìoch ùine thrì mìosan an dèidh an ionnstramaid meudachaidh a chur a-staigh gu Rùnaire Coitcheann Comhairle na h-Eòrpa.

Alt 21

- 1 Faodaidh Stàite sam bith, aig an t-àm a chuireas iad an ainm ris no nuair a chuireas iad an ionnstramaid daingneachaidh, aontachaidh, ceadachaidh no meudachaidh a-staigh, aon no barrachd de chumhaichean a chur a-staigh a thaobh paragrafan 2 gu 5 de Alt 7 den Chùmhnant seo. Chan fhaodar cumha sam bith eile a chur air adhart.
- 2 Faodaidh Stàite Cùmhnantachaidh sam bith a chur cumha a-staigh fon pharagraf mu dheireadh sin a tharraing air ais gu h-iomlan no ann am pàirt le bhith a' cur fios gu seòladh Rùnaire Coitcheann Comhairle na h-Eòrpa. Thèid an tarraing air ais a bhuileachadh air a' cheann-là a gheibh an Rùnaire Coitcheann an fhiosrachaidh sin.

Alt 22

- 1 Faodaidh Cùmhnantaiche sam bith a' Chùmhnant seo a chàineadh le bhith a' cur fios gu seòladh Rùnaire Coitcheann Comhairle na h-Eòrpa.
- 2 Thèid an càineadh sin a bhuileachadh air a' chiad latha den mhìos aig crìoch ùine sia mìosan an dèidh a' cheann-là a fhuair an Rùnaire Coitcheann an fhiosrachadh.

Alt 23

Cuiridh Rùnaire Coitcheann Comhairle na h-Eòrpa fios gu buill Stàite na Comhairle agus Stàite sam bith a ghabh ris a' Chùmhnant seo a thaobh:

- a ainm sgrìobhte sam bith;
- b ionnstramaid daingneachaidh, aontachaidh, ceadachaidh no meudachaidh a chuirear a-staigh;
- c ceann-là buileachaidh sam bith airson a' Chùmhnant seo a-rèir Altan 19 agus 20;
- d fiosrachadh sam bith a gheibhear ann a bhith a' cur ullachaidhean Alt 3, paragraf 2 an gnìomh;
- e gnìomh, fiosrachadh no conaltradh sam bith co-cheangailte ris a' Chùmhnant seo.

Mar fhianais air na tha an sin tha sinne, le ar n-ainmean-sgrìobhte gu h-iseal, agus ceadaichte sin a dhèanamh, air ar n-ainmean a chur ris a' Chùmhnant seo.

Air a chur an gnìomh aig Strasbourg, an 5mh latha seo den t-Samhain 1992, ann am Beurla agus ann am Frangais, gach teacs co-ionannach dearbhte, air aon leth-bhreac a thèid a chumail ann an tasglannan Chomhairle na h-Eòrpa. Cuiridh Rùnaire Coitcheann Comhairle na h-Eòrpa a-mach leth-

bhreacan dearbhte gu gach ball Stàite de Chomhairle na h-Eòrpa agus gu Stàite sam bith a fhuair cuireadh gabhail ris a' Chùmhnant seo.